

ceòlas

Oifigear Foghlam Gàidhlig do dh'Inbhich: air-loidhne a-mhàin aig an àm seo

Gus àrd-chàileachd ionnsachaidh agus teagaisg a thoirt do dh'inbhich tro mheadhan na Gàidhlig, a' cleachdadh teicneòlasan digiteach.

Gus cànan agus cultar na Gàidhlig a chur air adhart.

PRÌOMH DHREUCHDAN AGUS DHLEASTANASAN

Tha an earrainn seo a' toirt fiosrachadh air na prìomh dhleastanasan, tha iad seo gus fiosrachadh a thoirt a-mhàin agus dh'fhaodadh barrachd a bhith ann.

- A' teagasg chlasaichean agus a bhith a' dèanamh planadh agus ullachadh air an son.
- A' measadh, a' clàradh agus a' toirt fiosrachadh air obair nan oileanach airson adhabharan rianachd agus adhartais agus a thaobh iomadachd a' churaicealaim. Cruinneachadh dàta do bhuidhnean maoineachaidh.
- Curaicealam Gàidhlig a chur air dòigh agus a leasachadh a' cleachdadh farsaingeachd ghoireasan gus àrd-chàileachd ionnsachaidh a dhearbhadh
- A' brosnachadh agus a' dìon slàinte, sunnd agus sàbhailteachd nan oileanach
- A bhith a' dèanamh margaidheachd air clasaichean agus oileanaich a chur dhan chlas iomchaidh
- Leasachadh proifeiseanta leantainneach iomchaidh agus aontaichte a dhèanamh.
- Ùrachaidhean cunbhalach air na meadhanan-sòisealta air adhartas nan cùrsaichean
- Taic a chur ri sgioba Cheòlais a thaobh leasachadh nam meadhanan-sòisealta
- A dhol an sàs le prògraman Cheòlais anns an fharsaingeachd gus dèanamh cinnteach gu bheil prìomhachas aig a' Ghàidhlig.
- Dreuchd sam bith eile a bhith air a mheasadh iomchaidh airson na dreuchd seo.
- A bhith a' brosnachadh cultar ionadail tro leasachadh ghoireasan

EÒLAS agus SGILEAN.

Eòlas air teagasg aig farsaingeachd de dhiofar ìrean.

Eòlas air Frèam-obrach Coitcheann Eòrpach nan Cànanan airson na Gàidhlig

Sgileil air a bhith a' cleachdadh farsaingeachd mhodhan teagaisg gus cothroman ionnsachaidh cruthachail a libhrigeadh.

Deagh eòlas air Teòraidhean agus Modhan Bogaidh

Fianais air a bhith ag obair gu com-pàirteachail mar phàirt de sgioba agus le luchd-ùidh

Sònrachaidhean an neach-obrach

Càileachdan Pròifeiseanta Deatamach	Càileachdan Pearsanta Miannaichte
Litreach ann an Gàidhlig: labhairt, leughadh agus sgrìobhadh	Eòlas ann an tachartasan leis an t-sluagh
Eòlas air a bhith a' teagasg Gàidhlig do dh' inbhich	A' cur air adhart na Gàidhlig
Eòlas air a bhith ag obair ann an suidheachadh sgioba	Math air freagairt air feumalachdan nan oileanach
Math air conaltradh le comasan rianachd	Sùbailte
Math air conaltradh gu dealantach agus le eòlas air meadhanan sòisealta	Obair ann an sgioba

Saor-làithean 22 latha agus 8 Saor-làithean Poblach. Stiùiridhean-iùil Seirbheis Riaghlathan Ionadail.

£30,000pa co ruige 30.06. 2022

Ceolas, Taigh GLEUS, Dalabrog, Uibhist a Deas, HS8 5SS

info@ceolas.co.uk www.ceolas.co.uk 01878 700154

Company No: SCO216090

Charity No: SC031179



LOTTERY FUNDED

